# Stiùireadh-measaidh Maoin Phlanaichean Gàidhlig – Sruth Phròiseactan 2024/25
# Gaelic Plans Fund – Projects Stream 2024/25 Assessment Guidance

## Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

**Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gus dearbhadh gu bheil e a' leantainn riaghailtean an sgeama mar a tha ann san stiùireadh. Mur eil e a' leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air n neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh ro 10m air Diciadain 14 Cèitean 2025, no faodar an t-iarrtas a dhiùltadh gun mheasadh.**

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme set out in the guidance. If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors by **10am on Wednesday 14 May 2025**, or the application may declined without assessment.

- Buidheann na ùghdarras poblach/ionadail le plana Gàidhlig reachdail, is air a chumail ri dleastanasan fon Achd
- Iarrtas taic-airgid airson £25,000 no nas lugha (no le cead ro-làimh)
- Iarrtas taic-airgid aig no nas lugha na 80% de chosgaisean iomlan a' phròiseict
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a' phròiseict ri fhaighinn
- Pròiseact a' tòiseachadh eadar an Lùnastal 2025 agus Faoilleach 2026 (no le cead airson ceann-là eile)
- Pròiseact a' crìochnachadh rè no ron Lùnastal 2026 (no le cead airson ceann-là eile)

- Organisation is a public/local authority with a statutory Gaelic language plan, and up-to-date with responsibilities under the Act
- Funding request of £25,000 or under (unless previously permitted)
- Funding request at or under 80% of total project costs
- Full projected income and expenditure outlined
- Project begins between August 2025 and January 2026 (or with alternative date permitted)
- Project ends during or before August 2026 (or with alternative date permitted)

## Molaidhean airson sgòradh fa-leth / Individual scoring recommendations

**Bu chòir gach ball den phannal nochdadh aig a' chiad chothrom ùidh sam bith ann an gin de na h-iarrtasan tron sgeama. Ma tha ùidh aig ball ann an gin de na h-iarrtasan, cha bu chòir dhaibh an t-iarrtas sin a mheasadh.**

Any panel member should register any interest they may have in any of the scheme's application as soon as possible. If a panel member has an interest in any application, they should not assess that application.

**Bu chòir gach ball den phannal na h-iarrtasan a sgòradh a rèir an stiùiridh gu h-ìosal. Thathar an dùil gum bi sgòr de cho-dhiù 60% gu h-iomlan a dhìth mar as trice airson iarrtas a bhith airidh air moladh taic-airgid.**

Each individual panel member should score applications in accordance to the guidance below. It is expected that a score of at least 60% overall is typically required for an application to be eligible for a funding recommendation.

**Bu chòir gach puing-measaidh a bhith air a sgòradh a-mach à 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a' comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith ga mheas mar phrìomhachais.**

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

| 5 | 4 | 3 | 2 | 1 |
|---|---|---|---|---|
| Glè làidir / Very strong | Làidir / Strong | Riarachail / Satisfactory | Lag / Weak | Glè lag / Very weak |

## Buaidh a' Phròiseict

## Project Impact

### Inbhe agus freagarrachd a' phròiseict

10%

- Dè cho buannachdail agus a bhiodh am pròiseact do chleachdadh, ionnsachadh agus cur air adhart na Gàidhlig ann an raon an ùghdarrais phoblaich nan robh taic-airgid air a thoirt seachad dha?
- Am bi tòrr dhaoine a' faighinn buannachd bhon phròiseact seo?
- Am bi am pròiseact air a lìbhrigeadh agus air a dheasachadh tro mheadhan na Gàidhlig?
- Ciamar a tha an t-iarrtas a' sealltainn àbhaisteachadh na Gàidhlig san ùghdarras?
- Mas e pròiseact leantainneach a th' ann, a bheil e soilleir mar a bhios am pròiseact a' togail air toraidhean a fhuaireadh roimhe?

*Mur eil am pròiseact air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gu tur no sa mhòr-chuid, 's e 4 an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad.*

### Project eligibility and quality

- How beneficial could the project be for Gaelic usage, learning and promotion in the public authority's remit if it was funded?
- Will a large number of people benefit from this project?
- Will the project be delivered and developed through the medium of Gaelic?
- How does the application show the normalisation of Gaelic within the authority?
- If this is a continuation of a previous project, is it clear how the project will build on previous results?

*If the project is not entirely or mostly delivered through the medium of Gaelic, then the maximum score is 4.*

### Plana Nàiseanta 2023-2028

15%

- Dè cho dlùth is a tha am pròiseact a' freagairt air gnìomhan a chaidh ainmeachadh sa Phlana Nàiseanta?
- Dè cho mòr is a bhiodh buaidh a' phròiseict seo ann a bhith a' cur an gnìomh a' Phlana Nàiseanta?

### National Gaelic Language Plan 2023-28

- How closely does the project respond to the actions identified in the National Gaelic Language Plan?
- How much of an impact will this project have in implementing the National Gaelic Language Plan?

### A' buileachadh Planaichean Gàidhlig

15%

- Dè cho soilleir agus a tha an t-iarrtas a' sealltainn mar a bhios am pròiseact a' lìbhrigeadh amasan Plana Gàidhlig an ùghdarrais?
- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' toirt feart air mar a dh'fhaodas am pròiseact taic a chur ri lìbhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan eile?
- A bheil a' bhuidheann a' coileanadh nan dleastanasan aige a thaobh dearcnachadh is ath-nuadhachadh a' Phlana Ghàidhlig aige?

### Implementing Gaelic Language Plans

- How clearly does the application show how the project will deliver the aims of the public authority's Gaelic Language Plan?
- How well does the application consider the ways in which the project can support delivery of other authorities' Gaelic Language Plans?
- Is the organisation currently fulfilling its responsibilities in terms of monitoring and renewing its Gaelic Language Plan?

### Ùr-gnàthachas

5%

- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' sealltainn ùr-ghnàthachas a' phròiseict, gu h-àraidh a thaobh obair na buidhne agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd?
- Dè cho math agus a tha an iarrtas a' mìneachadh na buannachdan bhon ùr-ghnàthachas seo?
- Dè cho math agus a tha an iarrtas a' sealltainn mar an urrainnear na toraidhean ùr a chur an gnìomh san àm ri teachd?

*Ma tha an t-iarrtas seo ag iarraidh sìneadh air pròiseact a fhuair taic a-cheana, 's e 3 an sgòr as àirde a dh' fhaodar toirt seachad.*

### Innovation

- How strongly does the application demonstrate the innovation of the project, in relation to the organisation's work and the Gaelic community in general?
- How well does the application explain the results that will come from this innovation?
- How well does the application show how this innovation can be applied in future?

*If the application is requesting an extension for a project previously supported, then the maximum score is 3.*

### A' togail com-pàirteachasan — 5% — Building partnerships

- Dè cho math agus a tha am pròiseact ann a bhith ag obair leis a' choimhearsnachd ionadail?
- Dè cho math 's a tha am pròiseact ann a bhith a' dèanamh ceangal le tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta?
- Dè an uiread de cho-obrachadh a tha an t-iarrtas a' sealltainn eadar an t-ùghdarras ionadail agus buidhnean eile (poblach, treas roinn no prìobhaideach)?

- How well does the project seek to involve the local community?
- How well does the project connect with local, national and international events?
- How much co-operation is shown in the application between the public authority and other organisations (public, third sector or private)?

## Lìbhrigeadh a' Phròiseict — Delivering the Project

### Luach an airgid — 20% — Value for money

- Cia mheud duine a gheibh buannachd bhon airgead a thathar a' sireadh?
- A bheil buidseat a' phròiseict reusanta airson a leithid agus e a' coimhead air dòighean gus cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach?
- A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile (a' gabhail a-steach com-pàirtichean)?
- Am bi an taic-airgid seo air a stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach?
- Ciamar a tha am pròiseact a' sealltainn adhartachadh bho phròiseactan a fhuair taic-airgid a-cheana?

- How many people will benefit in relation to the funding requested?
- Is the budget for the project reasonable and does it look to minimise costs where possible?
- Is there appropriate funding from other sources (including participants)?
- Will this funding be managed and used effectively?
- How does this project show improvement over previous projects that have been awarded funding?

### Comas lìbhrigidh — 10% — Ability to deliver

- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil sgilean agus eòlas gu leòr aig an tagraiche gus am pròiseact a lìbhrigeadh gu soirbheachail?
- A bheil a' bhuidheann air cùmhnantan le taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig a choileanadh gu soirbheachail roimhe (a' gabhail a-steach a bhith ag aithneachadh na taic-airgid)?
- A bheil comasan Gàidhlig math aig an neach/sgioba a bhios a' lìbhrigeadh a' phròiseict?
- A bheil e soilleir bhon iarrtas mar a thèid an obair a choileanadh?
- Am bi am buidseat iomchaidh airson am pròiseact a lìbhrigeadh gu tùr?

- Does the application demonstrate that the applicant has sufficient skills and knowledge to deliver the project successfully?
- Has the organisation successfully performed Bòrd na Gàidhlig funding contracts previously (including acknowledging funding support)?
- Does the individual/team delivering the project have good Gaelic ability?
- Is it clear from the application how the work will be undertaken?
- Is the budget reasonable to deliver the project fully?

### Sgrùdadh is measadh a' Phròiseict — 10% — Project monitoring and evaluation

- Dè cho làidir agus a tha planaichean an tagraiche airson an obair aca a mheasadh?
- A bheil targaidean soilleir is ruigsinneach aig an tagraiche?
- A bheil na thargaidean is dòighean-measaidh freagarrach airson toraidhean chànan a thomhais?
- A bheil a' bhuidheann air na dleastanasan aice a choileanadh a thaobh aithisgean is a bhith a' toirt fiosrachadh seachad dhan Bhòrd airson pròiseactan a fhuair taic-airgid roimhe?

- How strong are the applicant's plans to assess their work?
- Does the applicant have clear and achievable targets?
- Are the targets and monitoring methods suitable to measure language outcomes?
- Has the organisation performed its duties in terms of returning reports and providing information to the Bòrd for projects that have previously received funding?

| Dleastanasan Sòisealta | 5% | Social Responsibilities |
|---|---|---|

- Dè cho mòr 's a bhios a' bhuaidh aig a' phròiseact air an àrainneachd (gu h-àraid a thaobh siubhail)?
- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn mar a bhios am pròiseact a' gabhail cothrom gus a' bhuaidh air an àrainneachd a lùghdachadh?
- A bheil an t-iarrtas a' toirt chothroman do dhaoine òga fo chùram agus, ma tha, dè cho math 's a tha e a' freagairt nam feumalachdan aca?
- A bheil an t-iarrtas a' nochdadh aire air dleastanasan co-ionannachd agus a' toirt chothroman do dhaoine le feartan dìonte a bhith a' dol an sàs leis a' Ghàidhlig?

*Mur eil freagairt sam bith ann, thoir seachad sgòr de 1.*
*Ma tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil iad air aire a thoirt do na ceistean ach nach bi am pròiseact a' tabhann chothroman gu sònraichte a thaobh Pàrantan Corporra & co-ionannachdan, thoir seachad sgòr de 3.*
*Mur eil an t-iarrtas a' beachdachadh air na riatanasan uile a thaobh àrainneachd, co-ionannachd agus Pàrantan Corporra, 's e an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad 4.*

- How much of an environmental impact will the project have (particularly with regard to travel)?
- Does the application show how the project will attempt to minimise its environmental impact?
- Does the application provide opportunities for young people in care, and if so, how well does it consider their needs?
- Does the application show awareness of responsibilities in terms of equalities and provide opportunities to engage with Gaelic for people under protected characteristics?

*If no answer is provided score 1.*
*If the application shows appropriate consideration of the questions but that it will not specifically offer opportunities in relation to Corporate Parenting & equalities, then score 3.*
*If the application does not consider all of the environment, equalities and Corporate Parenting the maximum score is 4.*

**Bidh sgòr iomlan an uair sin air a ruighinn le bhith ag iomadachadh sgòr a-mach à 5 airson gach slat-tomhais le cuideam gach slat-tomhais, agus iad seo a chur còmhla, mar a chithear san eisimpleir gu h-ìosal.**

A final score is then provided by multiplying each criteria's score out of 5 by the weight of each criteria, and adding these together, as exampled below:

| **Slat-tomhais / Criteria** | **Sgòr / Score** | **Cuideam / Weight** | **Sgòr le cuideam / Weighted score** |
|---|---|---|---|
| Inbhe a' phròiseict / Project quality | 5/5 | 10% | 10% |
| Plana Nàiseanta / National Gaelic Language Plan | 4/5 | 15% | 12% |
| Planaichean Gàidhlig / Gaelic Language Plans | 3/5 | 15% | 9% |
| Ùr-gnathachas / Innovation | 1/5 | 5% | 1% |
| A' togail com-pàirteachasan / Building Partnerships | 3/5 | 5% | 3% |
| Luach an airgid / Value for money | 3/5 | 20% | 12% |
| Comas lìbhrigidh / Ability to deliver | 3/5 | 10% | 6% |
| Sgrùdadh is luachadh / Monitoring and evaluation | 2/5 | 10% | 4% |
| Dleastanasan Sòisealta / Social Responsibilities | 4/5 | 10% | 8% |
| | IOMLAN / TOTALS | **100%** | **65%** |

## Measadh mar phannal / Panel assessment

**Às dèidh do bhuill a' phannail na h-iarrtasan a mheasadh, thig iad còmhla gus aonta a ruighinn air:**

- **A bheilear a' moladh taic-airgid dhan iarrtas?**
  - **Ma tha:**
    - **Dè an t-sùim airgid a thathar a' moladh?**
    - **A bheil cumhaichean no prìomh chomharran coileanaidh (PCCan) ri mholadh airson an aonta**
  - **Mura h-eil, carson nach eil an t-iarrtas freagarrach?**

**Thèid na molaidhean seo, is sùim chuibheasach sgòran gach buill fa-leth, a chur dhan Sgioba Stiùiridh. Chan fheum na molaidhean a bhith stèidhichte a-mhàin air na sgòraichean cuibheasach, is dh'fhaodte gum biodh e iomchaidh moladh gun tèid gabhail ri iarrtas/iarrtas a dhiùltadh stèidhichte air adhbharan iomchaidh eile.**

After the panel members have assessed each application, they will meet to reach an agreement on:

- Is support recommended for the application?
  - If so:
    - What sum is being recommended?
    - Are there any conditions or key performance indicators (KPIs) to be recommended for the agreement?
  - If not, why is the application not suitable?

These recommendations, along with the average scores of panel members, will be put to the Senior Management Team. The recommendations do not need to solely be based on the average scores, as it may be appropriate to recommend approval/rejection of an application based on other relevant factors.

**Airson gach iarrtais a tha am pannal-measaidh a' moladh dhan Sgioba Stiùiridh, faodaidh iad moladh gum bithear a' tabhann sùim taic-airgid a tha nas lugha na an t-sùim a chaidh iarraidh chun na h-ìre a tha am pannal den bheachd gum bi an t-sùim:**

**1) A' toirt seachad luach an airgid do Bhòrd na Gàidhlig**
**2) Fhathast a' leigeil leis a' phròiseact tachairt (fiù ach pàirt dheth)**

For each application that the assessment panel recommends to the Senior Management Team, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum to the extent that the panel believes the amount provided:

1) Delivers value for money for Bòrd na Gàidhlig
2) Will still allow the project to continue (even if in part)

**Ma tha barrachd taic-airgid air a mholadh dha pròiseactan na tha comasach a thaobh buidseat, bu chòir na molaidhean dhan Sgioba Stiùiridh a bhith air an dèanamh a-rèir sgòr iomlan a' phannail ach cuideachd gu bheil pròiseactan freagarrach air am maoineachadh ann an diofar sgìrean den dùthaich (m.e. dearbhadh gu bheil farsaingeachd de phròiseactan ann a-rèir cruinn-eòlas, cuspair). Faodar sgòr iomlan a sheachnadh ma tha adhbharan a tha am pannal measadh nas cudromaiche na seo (m.e. iarrtas le sgòr nas ìsle a tha cur taic ri choimhearsnachd nach bhiodh faighinn taic as a h-aonais, no iarrtas a' faighinn sgòr nas àirde ach nas freagarraiche airson sgeama eile no nach eil ceadaichte ann an dòigh theicnigeach).**

If more funding is recommended for projects than budget will allow, the recommendations to the Senior Management Team should be made on the basis of the panel's total score for projects and any other relevant factors (e.g. ensuring a proportionate range of projects geographically, by subject). An application's average score may also be disregarded if there are factors that the panel believe outweigh this (e.g. an application receiving a lower score that supports a given community that would be without support otherwise or an application receiving a higher score but being more suitable for another scheme or ineligible in a technical way).

## Co-dhùnaidhean Sgioba Stiùiridh / Senior Management Team decision

**Bidh Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a' tighinn gu co-dhùnadh air na h-iarrtasan uile, a thaobh a bheilear a' toirt seachad taic-airgid no nach eil, agus ma tha an t-iarrtas soirbheachail dè an t-sùim a bhithear a thabhann is cumhaichean no PCCan ri chur san aonta.**

**Faodaidh an Sgioba Stiùiridh dol an-aghaidh molaidhean a' phannail gu tur no ann am pàirt, is chan eil e riatanach a bhith leantainn prìomhachas air na h-iarrtasan air a chur an cèill leis a' phannal.**

**Dh'fhaodadh gun iarr an Sgioba Stiùiridh tuilleadh fiosrachaidh airson co-dhùnadh a dhèanamh, no dh'fhaodadh gun aontaich iad ri iarrtas "ann am prionnsapal", far am bi rudeigin ri choileanadh mus tèid taic aontachadh dhan a' phròiseact.**

Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team will make the final decision on all applications, whether to award funding, what sum to award, and any conditions or KPIs for successful applications.

These decisions may disagree with recommendations of the panel, either in full or in part, without being required to follow the priority of applications set out by the panel.

The Senior Management Team may request further information to reach a decision, or may agree an application "in principle", whereby a condition must be fulfilled before support is agreed for the project.